

GAIRM GU ÙRNAIGH: LATHA NA SÀBAID, 17mh dhen CHEITEAN **Ùrnaigh aig 7f**

Ann na làithean as dèidh Latha na Càisge, bhiodh faireachdainnean diofraichte air deisciobail Ìosa, eadar teagamh agus iomagan, eadar aoibhneas agus subhachas, eadar mì-thuigse agus eagal, eadar aithneachadh agus dòchas. Nan robh an crann-ceusaidh air làithearachd Ìosa a ghoid bhuapa, bha Aiseirigh a' toirt a làithearachd dhaibh a-rithist. Nach robh Ìosa dol a bhith maille riutha a-ghnàth, gu deireadh an t-saoghail?

Ann an Soisgeul Eòin (14: 1 - 21), chì sinn na deisciobail a' strì leis an tuigse nach bi Ìosa daonnan nan làthair gu fiosagach. A-rèir coltais, bha iad dol a bhith nan aonar, nan dilleachdain, mar gum biodh. Bha mì-chinnt agus iomagan a' tighinn orra a-rithist. Mar sin, bhruidhinn Ìosa gus am mì-thuigse agus an t-eagal a fhreagairt, ann a bhith a' gealltainn dhaibh tìodhlac an Spioraid Naoimh. Bha Ìosa gam brosnachadh, a' dearbhadh dhaibh nach robh iad nan aonar agus gum bi a làithearachd spioradail air a nuadhachadh anns an t-saoghal tron Spiorad.

Tron Spiorad, bidh Ìosa daonnan maille rinn mar dhearbhadh gràdh Dhè dhuinn.

Dèanamaid ùrnaigh:

A Dhè Bheò, chruthaich thu sinn agus rinn thu sinn,
thu a' toirt dhuinn, mar thìodhlac, anail na beatha fhèin.
Tha sinn a' toirt taing dhut airson tìodhlac na beatha,
tìodhlac a tha prìseil agus luachmhor dhuinn.

A Dhè Bheò, is tusa Athair ar Tighearna Ìosa Chrìosd,
agus tha a làithearachd anns an t-saoghal a' foillseachadh dhuinn do ghràdh.
Le bhith a' toirt dhuinn do Mhic,
tha thu a' foillseachadh dhuinn doimhneachd do ghràidh.

A Dhe Bheò, ghabh do Mhac ris a' Chrann-cheusaidh,
agus ri doimhneachd fulangais dhaonna.
Tha sinn taingeil dhut gun do thog thu a-rithist e
air latha an aiseirigh.

A Dhè Bheò, mar a labhair thu ris na cailte agus na dilleachdain anns na làithean a dh'fhalbh,

labhair ris na caillte agus na dìlleachdain anns an latha a th' ann.
Labhair riuthasan a tha teagmhach agus iomaganach.
Labhair rinn, a tha fo mhì-thuigse agus eagal.

A Dhè Bheo, is e do ghealladh
nach bi sinn air ar fàgail nar n-aonar san t-saoghal.
Tha sinn taingeil dhut airson coileanadh a' gheallaidh sin
le tìodhlac do Spioraid.

A Dhè Bheò, bi maille riuthasan uile a tha a' cumail suas ar beatha choitcheann
aig an àm seo,
luchd-curaime agus nursaichean, luchd-glanaidh agus portairean,
dotairean agus luchd nan carbadan èiginne, dràibhearan-lìbhrigidh agus
postaichean.
Tro an cuid oidhirpean, tha ar beatha choitcheann air a cumail suas.

A Dhè Bheò, mar a tha thu air a bhith gar glèidheadh anns na làithean a
dh' fhalbh,
glèidh sinn anns an latha a th' ann.
Agus tha sinn a' togail taing dhut a-rithist nach eil sinn nar n-aonar, oir tha
Crìosd agus do Spiorad Naomh maille rinn.

Amen.

Soidhnichte:

An Ceart Urramach Cailean Mac na Ceardaich, Moderàtor Àrd-Sheanadh Eaglais na h-Alba

Am Fìor Urramach Leo Cushley, Àrd-Easbaig Chill Rìmhinn agus Dùn Èideann

Am Fìor Urramach Marcus Strange, Primus as leth Colaiste nan Easbaigean, Eaglais
Easbaigeach na h-Alba

An t-Urramach Iain Fulton, Moderàtor, Eaglais Shaor Aonaichte na h-Alba

An t-Urramach Daibhidh Pickering, Moderàtor, Eaglais Ath-Leasaichte Aonaichte (Alba)

An t-Urramach Màrtainn Hodson, Àrd-Stiùiriche, Aonadh Baisteach na h-Alba

An t-Urramach Marcus Slaney, Cathraiche Roinn-Dùthcha, Eaglais nam Methodach (Alba)

An t-Urramach May-Kane Logan, Cathraiche, Caidreachas Co-thionalach ann an Alba

Lt. Col. Carol Bailey, Rùnaire na h-Alba, Feachd na Slàinte

Adwao Bittle, Comann nan Caraidean (Cuagairean)

An t-Urramach Jim Ritchie, Àrd-Neach-Stiùiridh Roinn-Dùthcha, Eileanan Bhreatainn,
Eaglais an Nàsaraich

Aoghaire Chris Gbenle, Aoghaire Roinn-Dùthcha, Mòr-Roinn na h-Alba, Eaglais Chrìosdal
air Saoradh le Dia

Easbaig Francis Alao, Eaglais Dhè (Alba)/ Eaglaisean nam Mìon-shlu